



Teisteanais
Nàiseanta
EISIMPLEIR A-MHÀIN

SQ32/H/01

Nuadh-eòlas

Deit – Neo-ìomchaidh

Ùine – 2 uair agus 15 mionaidean

Comharran gu lèir - 60

**ROINN 1 – DEAMOCRASaidh ANN AN ALBA
AGUS SAN RÌOGHACHD AONAICHTE – 20 comharra**

Feuch Ceist 1 agus **AN DARA CUID**, Ceist 2(a) **NO** 2(b)

ROINN 2 – CÙISEAN SÒISEALTA ANNS AN RÌOGHACHD AONAICHTE – 20 comharra
Pàirt A Neo-ionannachd shòisealta san Rìoghachd Aonaichte
Pàirt B Eucoir agus an Lagh san Rìoghachd Aonaichte

Feuch Ceist 1 agus **AN DÀRA CUID**, Ceist 2(a) **NO** 2(b) **NO** 2(c) **NO** 2(d)

ROINN 3 – CÙISEAN EADAR-NÀISEANTA – 20 comharra
Pàirt A Cumhachdan mòra an t-Saoghail
Part B Cùisean cruinneil

Feuch **AN DÀRA CUID** Ceist 1(a) **NO** 1(b) **NO** 1(c) **NO** 1(d)

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd peann **gorm** no **dubh**.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne, feumaidh tu leabhran nam freagairtean a thoirt don Fhrèiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.



SQ32H01

ROINN 1 – DEAMOCRASaidh ANN AN ALBA AGUS SAN RìOGHACHD AONAICHTE – 20 comharra

Feuch Ceist 1 agus AN DÀRA CUID, Ceist 2(a) NO 2(b)

Ceist 1

Faic Stòran A agus B gu h-ìosal agus tarsainn agus an uair sin feuch a' cheist às an dèidh.

STÒR A

Deasbadaan telebhisein Taghadh Coitcheann 2010

B' ann aig an Taghadh Choitcheann ann an 2010 a chunnaic sinn deasbadaan beò air an telebhisean anns an robh ceannardan nan trì phrìomh phartaidhean san RA – na Tòraidhean, na Làbaraich agus na Deamocrataich Libearalach. Bha Cameron, Brown agus Clegg uile an dòchas gun dèanadh iad ceangal ris an luchd-bhòtaidh tron iomairt theann seo air an tugadh an 'taghadh didseatach'.

Ron chiad deasbad riamh dhen t-seòrsa, sheall cunntas-bheachd Ipsos MORI gun robh 60% den luchd-bhòtaidh ris an deach bruidhinn an dùil gum biodh deasbadaan air an telebhisean cudromach dhaibh ann a bhith a' tighinn gu co-dhùnadh air mar a bhòtadh iad. Dh'fhaodadh e bhith cuideachd gun toireadh mar a dheigheadh dha na tagraichean anns na deasbadaan buaidh air mar a làimhsicheadh na meadhanan aithrisean air gach ceannard agus air na partaidhean aca. Às dèidh nan deasbadaan, thuirte grunn chunntasan-bheachd gun robh Nick Clegg gu cinnteach air buannachadh, agus bha mòran luchd-bhòtaidh ag ràdh gun gluaiseadh iad chun nan Libearalach Dheamocratach. Leis mar a shoirbhich le Clegg, chaidh a ràdh gun robh 'Cleggmania' ann, agus gum biodh àrdachadh eachdraidheil anns an àireamh sheataichean a gheibheadh na Libearalaich Dheamocratach.


Fhuair dàrna cunntas a chaidh a dhèanamh às dèidh an taghaidh le buidheann chunntasan-bheachd neo-eisimeileach gun do dh'atharraich deasbadaan Tbh nan ceannardan mar a bha dùil aig còrr is millean neach bhòtadh. Ga chur ann an dòigh eile, tha na toraidhean a' sealltainn gun do dh'atharraich na deasbadaan mar a bhòt còrr is 4% den luchd-bhòtaidh. Cuideachd, dh'fhaodadh tu a ràdh gun tug deasbadaan nan ceannardan air an Tbh air mìltean den luchd-bhòtaidh a' bhòt aca a chleachdadh, nuair nach biodh iad air sin a dhèanamh 's dòcha, mura b' e na deasbadaan. Ann am pàirtean den dùthaich bha àrdachadh 17% san àireamh de luchd-bhòtaidh òg a thuirte gum bhòtadh iad. Air an làimh eile, dh'fhaodamaid a ràdh nach do rinn na deasbadaan air an Tbh ach na beachdan a bh' aig a' mhòr-chuid de dhaoine mu thràth a dhaingneachadh.

Fhuair treas cunntas bho Sgrùdadh Taghadh Bhreatainn 2010 gun do choimhead 9.4m neach a' chiad deasbad bheò air ITV, choimhead 4.5m an dàrna deasbad air Sky agus choimhead 8.5m an deasbad mu dheireadh air a' BhBC. Às dèidh an dàrna deasbaid, sheall figearan nan cunntasan-bheachd gun do bhuannaich Cameron agus Clegg le chèile. Às dèidh an treas deasbaid, bha coltas bho na cunntasan-bheachd gum b' e Cameron a bhuannaich uile gu lèir. Tha toraidhean an rannsachaidh seo a' sealltainn, a rèir choltais, gun do dh'atharraich 12% den t-sluagh am beachd air cò am partaidh dham bhòtadh iad an dèidh dhaibh deasbadaan Tbh an taghaidh a choimhead.

Às dèidh do na stèiseanan-bhòtaidh dùnadh agus na bhòtaichean a bhith air an cunntadh, cha robh mòr-chuid iomlan aig gin de na partaidhean ann an Taigh nan Cumantan. Fhuair na Tòraidhean a' chuid as motha de na bhòtaichean iomlan le 36% (suas 3.7% bho 2005), fhuair na Làbaraich 29% de na bhòtaichean (sìos 6.2% bho 2005) agus fhuair na Libearalaich Dheamocratach 23% (suas 1% bho 2005)

(Air atharrachadh bho ghrunn stòran)

Roinn 1 Ceist 1 (a' leantainn)



Feuch a' cheist seo, a' cleachdadh an fhiosrachaidh ann an Stòran A agus B, mu choinneamh agus gu h-àrd, **a-mhàin**.

Dè an ìre gu bheil e ceart a ràdh gun tug na deasbadan air an telebhisean buaidh mhòr air mar a bha dùil aig daoine bhòtadh?

Earrann 1 (a' leantainn)

Feuch AN DARA CUID, Ceist 2(a) NO 2(b)

Ceist 2

(a)

'S e aon de na h-amasan a th' aig siostam taghaidh, riochdachadh cothromach a thoirt seachad.

Dè cho èifeachdach 's a tha siostam taghaidh a sgrùd thu ann a bhith a' toirt riochdachadh cothromach?

Nad fhreagairt, bu chòir dhut iomradh a thoirt air siostaman taghaidh ann an Alba no anns an Rìoghachd Aonaichte no anns na dhà.

12

NO

(b)

'S e aon dleastanas a tha air riochdairean pàrlamaid an riaghaltas a dhèanamh cunntachail.

Dè cho èifeachdach 's a tha riochdairean pàrlamaid ann a bhith a' dèanamh an riaghaltais cunntachail?

Nad fhreagairt, bu chòir dhut iomradh a thoirt air riochdairean pàrlamaid ann an Alba no anns an Rìoghachd Aonaichte no anns na dhà.

12

ROINN 2 – CÙISEAN SÒISEALTA ANNS AN RÌOGHACHD AONAICHTE – 20 comharra

Feuch Ceist 1 agus AN DARA CUID, Ceist 2(a) NO 2(b) NO 2(c) NO 2(d)

Ceist 1

Faic Stòran A, B agus C agus an uair sin feuch a' cheist a leanas.

STÒR A

Às-dùnadh sòisealta

Tha às-dùnadh sòisealta a' ciallachadh suidheachadh far nach eil teachd a-steach gu leòr aig neach no aig buidheann gus làn-phàirt a ghabhail ann an comann-sòisealta. Mar eisimpleir, 's dòcha nach bi airgead gu leòr aig daoine a tha air an às-dhùnadh airson chuirmean sònraichte mar co-lathaichean-breith, airson dhèideagan agus leabhraichean do chlann, no airson aodach blàth geamhraidh. 'S e na daoine a tha a' fulang às-dùnadh sòisealta as buailtiche a bhith a' fulang air sgàth teachd-a-steach ìosal, droch shlàinte, cion-cosnaidh, bochdainn connaidh agus droch thaighean. Bha riaghaltasan na h-Alba agus na RA airson dèiligeadh ri na duilgheadasan co-cheangailte ri às-dùnadh sòisealta sna bliadhnaichean mu dheireadh.


San fharsaingeachd, tha Albannaich beò nas fhaide, tha reataichean bàs ro-thràth agus reataichean eucoir a' tuiteam, agus tha reataichean cion-cosnaidh a' tuiteam a-nis cuideachd. Ge-tà, tha às-dùnadh sòisealta fhathast a' toirt buaidh air beatha iomadach saoranach ann an Alba. Fhathast tha beatha nas fheàrr aig na buidhnean as beartiche ann an Alba, agus tha a' bheàrn eadar an fheadhainn as beartiche agus an fheadhainn as bochda ann an Alba fhathast fhathast a' fàs.

Chan eil an fheadhainn as bochda ann an comann-sòisealta na h-Alba cho buailteach seirbheisean slàinte a chleachdadh 's a tha daoine nas beartiche, agus mar as trice bidh reataichean bàis agus tinneis nas motha aca. Tha dùil-aoise ìosal agus tinneas fad-ùine nan comharran làidir gu bheil daoine a' fulang às-dùnadh sòisealta.

Tha fianais ann nach eil na daoine a tha a' fulang às-dùnadh sòisealta air an sgoileadh gu h-ionann air feadh Alba. Tha eadar-dhealachaidhean brìgheil ann an ìrean slàinte, teachd-a-steach, eucoir agus cion-cosnaidh eadar na h-ùghdarrasan ionadail, agus eadar sgìrean bailteil agus dùthchail.

STÒR B

Reataichean bàs ro-thràth anns gach 100,000 airson dhaoine fo 65 bliadhna a dh'aois, airson cuid de dh'ùghdarrasan ionadail na h-Alba



Roinn 2 Ceist 1 (a' leantainn)

STÒR C

Dàta sòisealta agus eaconamach bho chuid
de dh'ùghdarrasan ionadail na h-Alba

Sgìrean dùthchail	Sgìrean bailteil
<p>Siorrachd Obar Dheathain</p> <ul style="list-style-type: none"> Tuarastal iomlan cuibheasach san t-seachdain: £570.60 Reat cion-cosnaidh: 1.5% Reat eucoir gach 10,000 neach 286 Reat cosnaidh: 79.6% Dùil-aoise: 78.2 bliadhna Tinneas fad-ùine: 11% Cuibhreann nàiseanta sa cheud de na h-àitean as bochda den dùthaich: 0% 	<p>Baile Dhùn Dè</p> <ul style="list-style-type: none"> Tuarastal iomlan cuibheasach san t-seachdain: £483.30 Reat cion-cosnaidh: 5.9% Reat eucoir gach 10,000 neach 616 Reat cosnaidh: 68.4% Dùil-aoise: 73.9 bliadhna Tinneas fad-ùine: 17% Cuibhreann nàiseanta sa cheud de na h-àitean as bochda den dùthaich: 5.8%
<p>Na Crìochan</p> <ul style="list-style-type: none"> Tuarastal iomlan cuibheasach san t-seachdain: £430.11 Reat cion-cosnaidh: 3.3% Reat eucoir gach 10,000 neach 281 Reat cosnaidh: 73.1% Dùil-aoise: 77.5 bliadhna Tinneas fad-ùine: 12% Cuibhreann nàiseanta sa cheud de na h-àitean as bochda den dùthaich: 0.3% 	<p>Baile Ghlaschu</p> <ul style="list-style-type: none"> Tuarastal iomlan cuibheasach san t-seachdain: £506 Reat cion-cosnaidh: 5.8% Reat eucoir gach 10,000 neach 889 Reat cosnaidh: 63.8% Dùil-aoise: 71.6 bliadhna Tinneas fad-ùine: 22% Cuibhreann nàiseanta sa cheud de na h-àitean as bochda den dùthaich: 45%

Feuch na ceistean a leanas, a' cleachdadh an fhiosrachaidh ann an Stòran A, B agus C mu choinneamh agus gu h-àrd **a-mhàin**.

Dè na co-dhùnaidhean a ghabhas dèanamh mu às-dùnadh sòisealta ann an Alba?

Feumaidh tu tighinn gu co-dhùnaidhean mu:

- na ceanglaichean eadar às-dùnadh sòisealta agus slàinte
- na ceanglaichean eadar às-dùnadh sòisealta agus an t-ùghdarras ionadail

Feumaidh tu co-dhùnadh iomlan a thoirt air às-dùnadh sòisealta ann an Alba.

Roinn 2 (a' leantainn)

Feuch **AN DÀRA CUID**, Ceist 2(a) **NO** 2(b) **NO** 2(c) **NO** 2(d)

Ceist 2**Pàirt A: Neo-ionannachd shòisealta san Rìoghachd Aonaichte**

Faodaidh freagairtean iomradh a thoirt air Alba **no** an Rìoghachd Aonaichte **no** na dhà.

- (a) Dèan mion-sgrùdadh air poileasaidhean an riaghaltais gus dèiligeadh ri neo-ionannachdan a tha a' toirt buaidh air buidheann sa chomann-shòisealta. 12

NO

- (b) Dèan mion-sgrùdadh air roghainnean a thaobh dòigh-beatha a dh'fhaodas droch shlàinte adhbharachadh. 12

NO

Pàirt B: Eucoir agus an Lagh san Rìoghachd Aonaichte

Faodaidh freagairtean iomradh a thoirt air Alba **no** an Rìoghachd Aonaichte **no** na dhà.

- (c) Dèan mion-sgrùdadh air poileasaidhean an riaghaltais gus dèiligeadh ri eucoir. 12

NO

- (d) Dèan mion-sgrùdadh air na dòighean sa bheil eucoir a' toirt buaidh air na daoine air an tèid eucoir a dhèanamh. 12

ROINN 3 – CÙISEAN EADAR-NÀISEANTA – 20 comharra COMHARRAN

Feuch AN DÀRA CUID Ceist 1(a) NO 1(b) NO 1(c) NO 1(d)

Ceist 1

Pàirt A: Cumhachdan mòra an t-Saoghail

(a) *Tha an siostam poilitigeach a' cumail smachd air an riaghaltas.*

Beachdaich air seo le bhith a' toirt iomradh air tè de na cumhachdan mòra a rannsaich thu.

20

NO

(b) Dè an ìre gu bheil buaidh aig tè de na cumhachdan mòra a rannsaich thu ann an dàimhean eadar-nàiseanta?

20

NO

Pàirt B: Cùisean cruinneil

(c) Tha buidhnean eadar-nàiseanta air a bhith soirbheachail ann a bhith a' fuasgladh cùis chruinneil chudromach.

Beachdaich air seo le bhith a' toirt iomradh air cùis chruinneil a rannsaich thu.

20

NO

(d) Dè an ìre gu bheil cùis chruinneil a rannsaich thu air buaidh a thoirt air dùthchannan eadar-dhealaichte?

20

[CRÌOCH SAMPALL A' PHÀIPEIR-CHEISTEAN]

Buidheachas

Roinn1, Stòr B

Clàr air atharrachadh bho “National Voting Intention: the impact of the first debate - How would you vote if there were a General Election tomorrow” air a thoirt bho “General Election 2010, The Leaders’ Debates, The worms’ final verdict - lessons to be learned” 30 Giblean 2010 Air ath-riochdachadh le cead Ipsos MORI.